



Àm airson bith-iomadachd!



Tha Liz Humphreys bho Urras Eun-eòlas Bhreatainn (BTO) ag innse mar a chaidh pailteas bheathaichean a thoirt am follais bho chionn ghoirid le saor-thoilich ann an àitean uaine Ghlaschu

Ma bhios tu airson daoine a bhrosnachadh gus falbh a-mach air eararadh eòin agus dealanan-dè, 's dòcha nach e Glaschu a' chiad àite a thig a-steach ort idir – ach 's e sin dìreach na rinn am pròiseact Bith-iomadachd ann an Glaschu (BiG)!

Bha a' cho-iomairt seo eadar BTO Alba agus Glèidhteachas Dealanan-Dè na h-Alba ag iarraidh air saor-thoilich eòin, dealanan-dè agus an àrainnean còmhnaidh ann an àitean uaine Ghlaschu a sgrùdadh. Bha mòran de na saor-thoilich seo a' cur eòlas air clàradh fiadh-bheatha airson a' chiad uair, mar sin dheth, thairg sinn dhaibh trèanadh an-asgaidh air aithneachadh ghnèithean ainmhidh agus air dòighean sgrùdaidh a dhèanamh orra.

Shoirbhich le seo cho mòr 's gun robh 108 neach air an trèanadh fa chomhair eòin, agus 88 neach fa chomhair dhealanan-dè. Bha saor-thoilich gu tric a' toirt iomradh gun robh suim aca air eachdraidh nàdair bho chionn fhada, ach nach robh na sgilean no misneachd aca gus dol an ceann obair sgrùdaidh.

'S iad làraichean uaine aig Comhairle Ghlaschu fhèin a bh' air an toirt a-steach do phròiseact BiG, agus thagh na saor-thoilich na h-àitean aca fhèin far an robh seo comasach. Tha còrr is 20% de Ghlaschu nan àitean uaine, le 74 pàircean agus 95 làraichean a tha cudromach bho thaobh glèidhteachas nàdair, mar sin dheth, cha robh gainnead làraichean ann idir.

Sa chiad dol a-mach, bha cuid de na saor-thoilich teagmhach mu na làraichean aca, oir cha robh coltas ro

ghealltanach orra tràth san earrach. Mar a chaidh a' bhliadhna air adhart ge-tà, dh'atharraich na làraichean gu tur le toiseach na ràith-briodaidh – thàinig eòin am barrachd follais leis mar a bha iad ri ceilearadh 's ri ròiseal, nochd dealanan-dè agus dh'fhàs plantrais ùr dhlùth dhosrach air an talamh. Fhuair na saor-thoilich lorg air iomadh seòrsa beathach agus lus air an làraichean, agus bha e soilleir gun do chòrd e riutha a bhith a' rannsachadh annta.

Uile gu lèir, chlàraich na saor-thoilich 91 gnèithean eunlaith agus 17 seòrsachan de dhealan-dè ann am baile Ghlaschu rè 2007 agus 2008. Ged a bha iomadh eun a chaidh a chlàradh gu math bitheanta, lorgadh 15 eòin (an uiseag, a' chuthag, an deargan-seilich beag agus an gealan-lin nam measg) a tha deatamach bho thaobh glèidhteachais agus 47 'eòin air chùram glèidhteachais'. Am measg nan dealan-dè inntinneach a chaidh a chlàradh, tha sinn am beachd gum facas a' chromag gheal airson a' chiad turas sa bhaile. Cuideachd, lorgadh àireamh mhath fhaineagan, gnè de dhealan-dè a tha a' sior fhàs bitheanta ann an Glaschu.

Tha sinn air sùil gheur a thoirt a-nis

air na h-àitean san d'fhuaras lorg air na h-eòin agus na dealanan-dè seo, air chor 's gum faod sinn moladh a thoirt air an dòigh as fheàrr na h-àitean uaine a rianachadh gus diofar seòrsachan ainmhidh a bhrosnachadh annta. Bha na làraichean san robh a' mhòr-chuid de dh'eunlaith dualtach a bhith fo uisge, nam boglaichean/fèithean, no nan àitean feurach agus/no allta. Mar a bha dùil againn, 's e meud an àite uaine a bha cudromach, le barrachd sheòrsachan eunlaith nan còmhnaidh sna làraichean a bu mhotha. A thaobh dealanan-dè, bha iad na bu dualtaiche a bhith air an clàradh anns na làraichean feurach.

Bidh toraidhean pròiseact BiG – a bha maoinichte le Riaghaltas na h-Alba, SNH, Comhairle Ghlaschu agus Urras Robastain – nan cùl-taic don obair rianachaidh a bhios a' chomhairle a' dèanamh. Gu dearbha, tha i air tòiseachadh a-cheana air làraichean a chur fo uisge, agus an fheur fhàgail gun a ghearradh cho tric. Mar sin dheth, tha pròiseact BiG air solas a chur air luach bith-iomadachd nar bailtean is mòr-bhailtean, agus air cho cudromach 's a tha deagh rianachadh ann an àitean uaine.

1
Bha Marlies Niclleathain an sàs mar saor-thoileach anns a' phròiseact Bith-iomadachd ann an Glaschu. Rinn i sgrùdadh air làrach ri taobh flataichean Red Road sa bhaile.

2
Tha an fhaireag a' sgaoileadh gu tuath agus a' nochdadh ann an Alba.

